

Comunn na Gàidhlig

Pasgan Fiosrachaidh



Tha na dreuchdan seo air maoineachadh fhaighinn bho Bòrd na Gàidhlig



Comunn na Gàidhlig (CnaG)

Cò th' ann an CnaG?



Tha CnaG air a bhith aig teis-mheadhan iomairt leasachaidh na Gàidhlig bho chaidh a stèidheachadh an toiseach ann an 1984. 'S ann à obair ChnaG a thàinig tòrr de na rudan às cudromaiche a tha fhathast mar bhunait de leasachadh na Gàidhlig – mar eisimpleir fàs ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig; no a bhith a' coiteachadh is a' putadh airson Achd na Gàidhlig is inbhe thèarainte dhan chànan.

San latha a th' ann, bho ghluais na h-uallaichean innleachdail ud gu Bòrd na Gàidhlig ann an 2005, tha CnaG air am fòcas a thionndadh gu obair òigridh thar dad sam bith eile.

Tha na h-iomairtean Ghàidhlig mar phàirt ro-chudromach dhan obair sin, bho thòisich ann an 2009 le ochd sgìrean, le taic-airgid bho Bòrd na Gàidhlig, thàinig fàs ann an 2013 gu 13 sgìre, agus tha sinn aig ìre a-nis far am bheil sinn ag amas air an obair seo lìbhrigeadh ann an 19 sgìre – le sgioba de 20 gan fhrithleadh.

Gu foirmeil 's e companaidh a th' ann an CnaG, le inbhe charthannais. Tha a' phrìomh oifis stèidhichte ann an Inbhir-Nis, le oifis eile ann an Steòrnabhagh. A thuilleadh air siud, tha na oifigearan iomairt agus luchd-obrach eile sgapte ann an choimhearsnachdan air feadh Alba.

Tha Dòmhnall MacNeill na Ceannard ChnaG (is e stèidhichte ann an Inbhir-Nis) is Marina Mhoireach na Stiùiriche Leasachaidh ChnaG (is i stèidhichte ann an Steòrnabhagh).

Dè na h-amasan aig CnaG?

Bidh sinne a' toirt chothroman do òigridh a chuid Gàidhlig aca a cleachdadh ann an suidheachaidhean mì-fhoirmeil is sòisealta, seach structar an t-seòmar-clas. Tro seo tha sinn an dòchas am brosnachadh agus am misneachadh anns a' chànan, gus am bidh iad nas deònaiche an cuid chànan a chleachdadh nas trice. Bidh sinn a' dèanamh seo tro na h-iomairtean Ghàidhlig ionadail ach a' thuilleadh orra sin le diofar thachartasan eile, mar Sradagan (agus Campaichean Sradagan), a' tabhainn Duais Iain Muir tro a' Ghàidhlig, no tro obair Chomann nam Pàrant agus Spòrs Gàidhlig – dà bhuidheann fa-leth, ach a tha stèidhichte is ag obair bho sgèith ChnaG.



Às dèidh dhuibh a' phasgan seo a' leughadh, ma bhios ceistean sam bith agaibh mu dheidhinn an obair (na h-obraichean) a tha ri 'm faighinn cuir fios thugainn:

Oifis Inbhir Nis: 01463 234138

Oifis Steòrnabhagh: 01851 701802

Post-d: oifis@cnag.org

Oifigearan Iomairt


An-dràsta tha 20 Oifigearan Iomairt againn air feadh na dùthcha. Seo far a bheil iomairtean Ghàidhlig againn air stèidheachadh:

Loch a Tuath	Iar Thuath Leòdhais	Ùige (Leòdhais)	Na Lochan	Sgoil Mhic Neacail
Na Hearadh	Uibhist a Tuath	Uibhist a Deas is Èirisgeigh	Barraigh	Ceann a Tuath An Eilein Sgitheanaich
Steòrnabhagh	Siorrachd Rois	Inbhir Nis	Loch Abar	An t-Òban
Muile	Ìle	Dùn Èideann	Glaschu	Iomairt Didseatach

Bidh na h-Oifigearan a' cruthachadh chothroman dhan òigridh, sna sgìrean aca, Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean mì-fhoirmeil – mar is trice a-muigh. 'S urrainn dhaibh na cothroman seo a' cruthachadh ann an iomadh dòigh – ach anns gach sgìre bithear ag èisteachd gu mòr ri beachdan is iarrtasan an òigridh fhèin; seo eisimpleirean air cuid de na thachartasan:



Clubaichean
Sradagan



Clubaichean Spòrs



Bèicearachd



FilmG



Cuairtean Mara



Isagaich



Dràma



Cuach na Cloinne



Duais Iain Muir



Spòrs Gàidhlig

Tron fho-ghlasadh bha feum aig na h-oifigearan rudan eadar-dhealaichte a dhèanamh leis an òigridh is gun cead aca ag obair leotha ann am pearsa. Seo feadhainn de na rudan a rinn iad:



Seo na th' aig na h-oifigearan ri ràdh mun obair aca, is mu bhith ag obair aig CnaG:

"... bi sinn uile ag obair gu dlùth anns na coimhearsnachdan againn fhìn, ach cuideachd a' toirt òigridh ri chèile mar phàirt den choimhearsnachd Ghàidhlig nas motha air feadh Alba"

"'S e obair a th' ann far am faod thu a bhith ag obair a-muigh anns na coimhearsnachdan agus a bhith ag obair le clann"

"'S e obair cudromach agus spòrsail a th' ann a bhith ag obair le òigridh..."

"...tha e math a bhith faicinn gu bheil iad toilichte agus misneachail a bhith a' bruidhinn Gàidhlig ri chèile nuair a tha iad a' dèanamh geamannan"

"Tha sinn a' faighinn fìor dheagh chothroman a bhith ag obair còmhla ri òigridh air feadh alba agus cuideachd a bhith ag obair le oifigearan ann an àiteichean eile cuideachd"

"Tha sinne fortanach a bhith ag obair còmhla ri sgioba a tha taiceil is cuideachail dha cach a chèile le bhi brosnachadh daoine"

"Ged a tha sinn air a bhith fada bho chèile anns a bhliadhna chaidh seachad tha sgioba ChnaG nas fhaig na bha sinn a-riamh a thaobh cuideachadh a chèile is a toirt misneachd dha chèile"

"Tha sinne a' faighinn tòrr chothroman rudan eadar-dhealaichte a dhèanamh còmhla ris an òigridh"

"Tha e math a bhith ag obair còmhla ris an òigridh agus a' faicinn adhartas anns a' chuid Gàidhlig aca tro na cothroman a tha sinn a' tabhainn"